

Sgrùdadh air an Luach as Fheàrr agus  
Dealbhadh Coimhearsnachd

# Comhairle nan Eilean Siar

Aithisg adhartais



Ullaichte le Sgrùdadh Alba  
Cèitean 2014



# Coimisean nan Cunntasan

'S e buidheann reachdail, neo-eisimeileach a bhios, tro phròiseas sgrùdaidh, ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail ann an Alba na h-ìrean as àirde a choileanadh a thaobh stiùireadh ionmhais agus cleachdadha eacnamaich, èifeachdach agus buadhdmhor a dhèanamh de ghoireasan. Tha ceithir prìomh dhleastanasan aig a' Choimisean:

- sgrùdadadh bhon taobh a-muigh a dhòn, leis an sgrùdadadh air an Luach as Fheàrr agus Dealbhadh Coimhearsnachd an luib sin
- sgrùdadadh a dhèanamh a-rithist air cùisean a bha nan dragh anns a' chiad sgrùdadadh, gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh riutha gu ceart
- sgrùdaidhean nàiseanta a dhèanamh air coileanaidh gus piseach a thoirt air an eacnamaidh, gnothachail agus èifeachdas ann an riaghaltasan ionadail
- a' toirt stiùireadh bhliadhnaidh do dh'ùghdarrasan ionadail a bhios a' mineachadh nan raointean fiosrachaidh air coileanadh a dh'fheumas iad fhoillseachadh.

Bidh an Coimisean a' dèanamh nan sgrùdaidhean airson nan 32 comhairlean agus an 33 co-bhùird agus comataidhean (a' gabhail a-steach poileis agus seirbheisean teasargain)

'S e buidheann reachdail a tha ann an Sgrùdadadh Alba a chaidh a stèidheachadh anns a' Giblean 2000 fo Achd (Alba) Ionmhas Poblach agus Cunntasachd 2000. Tha e a' cuideachadh Ard- Neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean nan Cunntasan sgrùdadadh gu bheil buidhnean a' cosg airgead poblach gu ceart, gnothachail agus èifeachdach.

# Clàr-innse

<b>Co-dhùnaidhean a' Choimisein .....</b>	<b>4</b>
<b>Ro-ràdh .....</b>	<b>5</b>
<b>Geàrr-chunntas .....</b>	<b>6</b>
Co-dhùnaidhean san fharsaingeachd .....	6
<b>Fios bhon Sgrùdadadh .....</b>	<b>8</b>
Pròiseasan adhartais .....	8
Stiùireadh Obrach .....	10
Stiùireadh Luchd-obrach .....	11
Stiùireadh Maoin .....	15
Sàsachd Luchd-cleachdaidh .....	17
<b>Molaidhean .....</b>	<b>19</b>

# Co-dhùnaidhean a' Choimisean

1. Rinn Stiùiriche an Sgrùdaidh an aithisg gus fiosrachadh ùraichte a thoirt do Choimisean nan Cunntasan air an adhartas aig Comhairle nan Eilean Siar a rèir obair adhartais a rinn a' Chomhairle air sgrùdadadh Luach as Fheàrr a chaidh fhoillseachadh anns an Dùblachd 2012. Annns na co-dhùnaidhean sin, thug an Coimisean an aithne gun robh a' chomhairle a' dèanamh adhartas ach nach robh anns a h-uile raon. Dh'iarr an Coimisean air Stiùiriche an Sgrùdaidh an t-adhartas a sgrùdadadh agus aithris a thoirt air dhan Choimisean. Roimhe sin, ann an co-dhùnaidhean a chaidh fhoillseachadh anns an t-Samhain 2011, bha an Coimisean air draghan mòra a nochdad mun adhartas anns an fharsaingeachd a bha a' Chomhairle air dèanamh bhon chiad sgrùdadadh Luach as Fheàrr ann an 2006.
2. Tha an Coimisean a' gabhail ri Stiùiriche a' Sgrùdaidh agus thathar a' cur fàilte air an adhartas a chaidh a dhèanamh leis a' chomhairle an coimeas ris na co-dhùnaidhean againn roimhe seo.
3. Tha sinn air ar misneachadh leis an àrdachadh ann an sgrùdadadh agus dùblain le comhairlichean agus leis an adhartas a tha air a dhèanamh anns na dòighean anns a bheil a' chomhairle a stiùireadh a luchd-obrach, gu sònraichte ann an coileanadh, ionnsachadh agus leasachadh luchd-obrach fa-leth. Tha sinn mothachail gu bheil a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil feum ann an sgrùdadadh agus gnìomhan a chur an sàs nas èifeachdaiche an dèidh beachdan luchd-cleachdaidh agus luchd-còmhnaidh fhaighinn.
4. Tha an structar a tha ann an-dràsta air riaghlaidh ionadail air a bhith an sàs bho 1995 agus anns na h-eileanan bho 1975. A rèir an fhrèam seo, tha e ceart gu leòr gum biodh am poball an dùil gum biodh a' chomhairle na buidheann a tha ag amharc air an luchd-cleachdaidh, rud a tha a' dearbadh prionnsabalan luach as fheàrr agus a tha an còmhnaidh a' dèanamh adhartas anns na thathar a' coileanadh. Ged a tha sinn mar sin a' cur fàilte air an adhartas a chaidh a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh cultar adhartas leantainneach, 's e am prìomh amas a bhios aig a' Chòmhairle dèanamh cinnteach gum bi an cultar sin na fheart sheasmhach agus nach eil e a' tighinn fo bhuaidh thachartasan leithid atharrachaidhean ann an ceannasachd poilitigeach no oifigearan. Tha e deatamach gum bi ceannasachd soilleir agus èifeachdach co-roinnte eadar buill agus oifigearan, gum bi prionnsabalan luach as fheàrr air gabhail riutha, agus gum bi stòras corporra ann gus taic a chur ri leasachaidhean gus dèanamh cinnteach gum bi an cultar seasmhach.
5. Tha gluasadan adhartach a' dol anns a' Chomhairle, agus feumaidh i na gluasadan sin a chumail a' dol gus dèanamh cinnteach gu bheil i a' coileanadh adhartas leantainneach.

# Ro-ràdh

1. Chaidh an dleastanas reachdail air an Luach as Fheàrr airson a h-uile comhairle a thoirt a-steach ann an Achd Riaghaltas Ionadail ann an Alba 2003 agus mar thoradh air sin tha e an urra ri Cunntasan Alba conaltradh fios a thoirt dhan phoball air mar a tha ùghdarrasan ionadail a' coileanadh an dleastanais sin. Bidh luchd-obrach Sgrùdadh Alba a' dèanamh na h-obrach sgrùdaidh air Luach as Fheàrr agus bidh Stiùiriche an Sgrùdaidh a' toirt aithisgean sgrùdaidh dhan Choimisean.
2. Chaidh a' chiad aithisg air Luach as Fheàrr Comhairle nan Eilean Siar (a' Chomhairle) fhoillseachadh anns an Lunastal 2006. Fhuair an sgrùdadadh nach b' urrainn dhan chomhairle dealas a shealltainn airson leasachadh leantainneach agus gum feumadh luaths an atharrachaидh taobh a-staigh na comhairle a bhith air àrdachadh. An dèidh dàrna aithisg sgrùdaidh anns an t-Samhain 2011, nochd Coimisean nan Cunntasan (an Coimisean) draghan mu cho slaodach 's a bha adhartas ann am prìomh raointean agus dh'iarr iad aithisg adhartais eile bho Stiùiriche an Sgrùdaidh mu 12 mìos an dèidh sin. Chaidh an aithisg sgrùdaidh sin fhoillseachadh anns an Dùblachd 2012.
3. Anns an aithisg ann an 2012, thug an Coimisean aithne dhan adhartas a bha a' Chomhairle air dèanamh bho 2011. Gu sònraichte, chaidh na leasachaidhean ann an siostaman stiùireadh coileanaidh a thoirt am follais, ged nach robh na buannachdan an cois sin air tighinn gu buil fhathast. Ach, nochd an Coimisean draghan gun robh barrachd adhartais a dhìth ann an raointean eile. Gu sònraichte, cha robh dòigh aig a' Chomhairle fhathast air fios ceart fhaighinn air dè cho sàsaichte 's a bha luchd-cleachdaidh, agus gum feumadh iad barrachd adhartais a dhèanamh ann a bhith a' stiùireadh luchd-obrach gus h-èifeachdach. Gu sònraichte, dh'fheumadh a' Chomhairle:
  - adhartas a thoirt air àireamhan de luachadh obrach a tha air an crìochnachadh;
  - dèiligeadh ris an àrdachadh ann an àireamhan call obrach air sgràth bochdainn;
  - am plana leasachaidh a chaidh a leasachadh bho sgrùdadadh an luchd-obrach a thoirt gu buil.
4. Bha an Coimisean a' brosnachadh na Comhairle gus adhartas nas luaithe a dhèanamh, agus gus sin a dhaingneachadh, chaidh iarraidh air Stiùiriche an Sgrùdaidh aithisg adhartais a dhèanamh "aig àm a tha iomchaidh taobh a-staigh 18 mìosan ". Tha an sgrùdadadh adhartais seo a' measadh na h-ìre gu bheil a' Chomhairle air dèiligeadh ri draghan a' Choimisean agus gu bheil iad air cumail air adhartas a dhèanamh anns na raointean a chaidh a chomharrachadh anns an aithisg adhartais air Luach as Fheàrr ann an 2012
5. Tha sinn taingeil airson a' cho-obrachaidh agus an taic a tha an sgioba air fhaighinn bho Aonghas Caimbeul, Ceannard Comhairle nan Eilean Siar, Malcolm Burr, Àrd-Oifigear, Lesley McDonald, Ceannard Oifis Riaghlaidh; agus a h-uile comhairliche agus neach-obrach a bha an sàs ann.

# Geàrr-chunntas

## Co-dhùnайдhean san fharsaingeachd

Tha a' Chomhairle air daingneachadh a thoirt air an adhartas a chaidh a dhèanamh roimhe a thaobh a bhith a' leasachadh stiùireadh coileanaidh, a thaobh aithriseachd agus fein-mheasadh, gus cultar dùblain agus leasachaидh nas èifeachdaiche agus nas stèidhte a stèidheachadh. Tha e cuideachd air togail air na bunaitean seo gus fior adhartas a thaisbeanadh ann an raointean cudromach leithid stiùireadh maoin agus stiùireadh luchd-obrach. Tha a' Chomhairle air beachdan na coimhearnsachd a thrusadh agus tha i air na beachdan sin a chleachdad gus buaidh a thoirt air co-dhùnайдhean agus air dealbhadh seirbheis. Thathar ag aithneachadh gun gabh barrachd adhartais dèanamh ann a bhith a' leasachadh mhodhan gus tuigse fhaighinn agus dèiligeadh le beachdan luchd-cleachdaidh.

6. Tha a' Chomhairle air dèiligeadh gu math le co-dhùnайдhean a' Choimisean anns an aithisg adhartais air Luach as Fheàrr anns an Dùblachd 2012. Tha i air a' phlana leasachadh corporra a chleachdad gus na h-adhartasan a bha a dhìth a thoirt gu buil agus gus sgrùdad a dhèanamh air an adhartas. Mar thoradh air sin, tha cultar stiùireadh coileanaidh agus fein-mheasaidh nas èifeachdaiche air a stèidheachadh thar na buidhne, agus tha e follaiseach gu bheil atharrachaidhean a' tighinn gu buil nas luaithe, gu h-àraig ann am prìomh raointean leithid stiùireadh maoin agus stiùireadh luchd-obrach.
7. Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil raointean ann fhathast a tha a' cur feum air barrachd leasachaيدh. Bho chionn ghoirid thathar air tilleadh chun a' phlana adhartais chorporra gus beachdachadh air iomairtean adhartais eile a bharrachd air an fheadhainn a chaidh a chomharrachadh ann an sgrùdaidhean Luach as Fheàrr. Cuideachd, tha ball/oifigear adhartas corporra èifeachdach (MOWG)<sup>1</sup> an dèidh a bhith air a stèidheachadh agus bithear a' sgrùdad a' phlana agus a' cur uallach air nan oifigearan iomchaidh airson a thoirt gu buil.
8. Tha obair leasachaيدh na Comhairle a-nis a' faighinn buannachd bho barrachd seallaidh air fein-mheasadh. Thathar air adhartas a dhèanamh anns an dòigh anns a bheilear a' dèiligeadh le seo, agus a-nis thathar a' stiùireadh a' phròiseas gu ruige raointean far an urrainn dhan bhuaidh as motha a bhith aige aig ìre corporra agus a' gabhail a-steach raon nas fharsainge a thaobh dùblain coileanaidh. Tha seo a' ceangal a-steach gu math le aithisgean àhaisteach agus mionaideach air stiùireadh coileanaidh a tha air an cruthachadh airson gach seirbheis, gus taic a chur ri sgrùdad èifeachdach le buill thaghte agus gus dèanamh cinnteach gum bi coileanadh an urra ri stiùirichean.

---

<sup>1</sup> Tha an t-Àrd-Oifigear, na stiùirichean, ceannadh na h-Oifis Riaghlaidh, Ceannard na Comhairle agus neach-cathrach agus iar-chathraichean comataidhean Sgrùdad agus Measadh agus Poileasaidh agus Goireasan air MOWG

9. Tha na tha de luchd-obrach a bhios a' faighinn luachadh coileanaidh a h-uile bliadhna air dùblachadh anns na bliadhnaichean mu dheireadh gu 86 sa cheud, ged a tha seo fhathast fo amas na Comhairle gum faigh an luchd-obrach gu lèir luachadh coileanaidh gach bliadhna. Tha luachaidhean coileanaidh a-nis nam pàirt gu math cudromach de thrèanadh luchd-obrach agus do thrèanadh seirbheis agus do phlanaichean leasachaidh. Ach, feumaidh barrachd a bhith air a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil na roinnean gu lèir a' cur crìoch air na planaichean sin.
10. B' e 10.4 làithean an àireamh cuibhiseach de làithean a bha daoine far an obair air sgàth bochdainn (gun beachd a ghabhail air luchd-teagaisg sna h-àireamhan seo) ann an 2012/13. B' e lùghdachadh a bha sin bho bhliadhna roimhe agus tha e nas ìsle na ìrean cuibhiseach na h-Alba a bha aig 10.9 làithean. B' e 7.2 làithean far na h-obrach air sgàth bochdainn na h-ìrean cuibhiseach a bha aig luchd-teagaisg ann an 2012/13. Thathar air a bhith a' lùghdachadh an àireamh de làithean a tha luchd-teagaisg air a bhith far an obair thar nan ceithir bliadhna mu dheireadh ach tha e fhathast nas àirde na ìrean cuibhiseach nàiseanta a tha aig 6.6 làithean. Chaidh aig a' Chomhairle air na lùghdachaidhean seo anns na h-àireamhan de làithean a thathar a' call air sgàth bochdainn a lùghdachadh fhad 's a tha àrdachaidhean air tighinn air na h-àireamhan aig ìre nàiseanta ann an 2012/13. Tha na figearan as ùire airson 2013/14 (gun sgrùdadadh) a' sealltainn gu bheil na lùghdachaidhean ann an àireamh cuibhiseach call obrach air sgàth bochdainn air cumail a' dol, agus gu bheil na h-ìrean cuibhiseach airson luchd-teagaisg gu math nas ìsle 's iad a-nis aig 5.6 làithean. Tha a' Chomhairle am beachd tuilleadh leasachaidhean a chur an gnòmh a thaobh stiùireadh call obrach ann an 2014/15.
11. Tha a' Chomhairle air cumail air adhartas a dhèanamh air gnòmhan adhartais a dh'èirich bhon sgrùdadadh-obrach a rinneadh ann an 2012. Tha e air poileasaidhean agus ro-innleachdan HR ùra a chur an sàs agus tha barrachd aire a-nis air coileanadh luchd-obrach fa-leth agus air na feumalachdan a th' aca a thaobh trèanadh agus leasachadh. Tha e a' planadh sgrùdadadh luchd-obrach eile a dhèanamh ann an 2015 gus measadh a dhèanamh air dè cho soirbheachail 's a bha na gnòmhan agus gus raointean eile a chomharrachadh airson a bhith air an leasachadh.
12. Tha adhartas gu ìre nas lugha an dèidh a bhith air a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh mhodhan èifeachdach agus ro-innleachdail gus luachadh a dhèanamh air sàsachd luchd-cleachdaidh agus siobhaltaich bhon àm an dèidh aithisg 2012. Ged a tha eisimpleirean soilleir ann de cho-dhùnaidhean na Comhairle agus dealbhan sheirbheisean le buaidh nan conaltraidhean agus an fhios air ais, tha e ag aithneachadh gun urrainn barrachd a dhèanamh anns an raon seo.
13. Tron obair bhliadhnaile àbhaisteach aca, cumaidh an sgioba sgrùdaidh ionadail bho thaobh a-muigh na buidhne air adhartas agus leasachadh a mheasadh taobh a-staigh na Comhairle agus bidh iad a' conaltradh le luchd-obrach Sgrùdadadh Alba aig ìre nàiseanta. Nas fharsainge, bidh buidhnean sgrùdaidh ann an lionra na sgìre ionadail (LAN) cuideachd a' measadh nan cunnartan a dh'haodadh tighinn san àm ri teachd tro phròiseas measadh cunnart co-roinnte (SRA) agus 's urrainn dhaibh taic agus stiùireadh a thoirt mar a tha iomchaidh.

# Fios bhon Sgrùdadh

## Pròiseasan adhartais

Bidh a' Chomhairle a' dèanamh sgrùdadh mionaideach air a' phlana leasachaidh corporra aice tro buidheann gnìomh bhall/oifigear adhartas corporra (MOWG). Tha e air am plana a leasachadh gus iomairtean adhartais a bharrachd air an fheadhainn a chaidh a chomharrachadh ann an aithsigean sgrùdadh Luach as Fheàrr a ghabhail a-steach. Tha a' Chomhairle cuideachd air gnìomhan leasachaidh a chomharrachadh tro mhodhan fèin-mheasaidh nas fheàrr. Thathar air fàs nas fheàrr anns na dòighean gus seo a dhèanamh, a' stiùireadh a' phròiseas gu ruige raointean far an urrainn dhan bhuidh corporra as mothà a bhith aige agus a' ghabhail raon nas fharsainge de dhaoine a-steach a thaobh dùbhlain obrach.

### Plana Leasachaidh Corporra

14. Anns an Ògmhìos 2012, dh'aontaich a' Chomhairle am plana adhartais corporra aice mar fhreagairt air na còig raointean gnìomha a chaidh a chomharrachadh ann an sgrùdadh Luach as Fheàrr 2011, agus b' iad sin:
  - Stiùireadh Coileanaidh
  - Adhartas leantainneach/ Fèin-mheasadh
  - Luathas atharrachaidh/ Stiùireadh atharrachaidh
  - Aontaidhean Compàirteachais
  - Sàsachd Luchd-cleachdaidh
15. Bha gnìomhan gus dèiligeadh le cùisean conaltraidh a chaidh a thoirt am follais ann an sgrùdadh luchd-obrach ann an 2012 anns a' phlana leasachaidh seo cuideachd. Chomharraich e gnìomhan sònraichte a bha a dhìth gus dèiligeadh le gach raon adhartais, thug e gnìomh do dh'àrd-oifigear, agus chomharraich e clàr-ùine taobh a-staigh anns am bu choir dhan ghnìomh a bhith air a choileanadh. An dèidh sin, dh'atharraich a' Chomhairle am plana-gnìomh aice airson 2012 gus gach raon adhartais a ghabhail a-steach, cho math ri toraidhean sgrùdadh fèin-mheasadh agus sgrùdadh agus measadh bhon taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air an cur gu ruige nan raointean far a bheil feum air adhartas na phriomhachas
16. Anns an Dùbhlachd 2012, thug sinn aithris gun robh comas aig a' Chomhairle air am plana leasachaidh a thoirt gu buil, ach thug sinn am follais gun robh feum aig àrd-oifigearan agus comhairlichean a bhith a' cumail air an t-adhartas a sgrùdadh gu bitheanta gus dèanamh cinnteach gun robh na gnìomhan air an cur ann am priomhachas agus air an co-òrdanachadh gu h-èifeachdach. Tha an leasachadh corporra aig MOWG air a bhith soirbheachail ann a bhith a' sgrùdadh cur an gnìomh a' phlana bhon luchar 2012, le coinneamhan gach mìos gus adhartas a mheasadh agus gus ìrean atharrachaidh a chumail a' dol.

17. Ged a tha a' Chomhairle air mòran dhen obair anns a' phlana gnìomh bho 2012 a sgrùdadh, tha i a' cumail air aire chorporra a chumail air leasachadh adhartasan taobh a-staigh nan còig prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh ann an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011. Mar thoradh air sin, anns an t-Sultain 2013, dh'aontaicheadh ri plana leasachadh corporra ùraichte. Tha MOWG a' cumail air aithisgean fhaighinn anns a bheilear a' dèiligeadh le adhartasan a rèir a' phlana gnìomh a bh' ann an toiseach, ach a-nis aig gach coinneamh, bithear a' beachdachadh gu mionaidreach air aon de na còig raointean leasachaidhean gus gniomhan sam bith a bharrachd a bhios a dhìth aontachadh.

## Fèin-mheasadh

18. Thug aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 am follais nach robh pròiseas fèin-mheasadh corporra a cuideachadh ann a bhith a' comharrachadh far an robh an fheum a bu mhotha airson adhartas aig a' Chomhairle idir. Mar fhreagairt dha sin, tha a' Chomhairle air goireas fèin-mheasaidh 'Dè cho math 's a tha ar Comhairle?' (HGIOC)<sup>2</sup> a sgaoileadh thar roinnean seirbheis.
19. Tha buidheann dùblain bho thaobb a-staigh na Comhairle, anns a bheil dithis de dh'àrd-oifigearan bho gach tè dhe na sia roinnean, a' dèanamh nan sgrùdaidhean HGIOC. Bho chionn ghoirid, chaidh aontachadh leudachadh a thoirt air an sgioba dùblain taobb a-staigh na buidhne gus dithis bhall thaghte bho chomataidh sgrùdaidh agus measaidh agus dithis bho chomataidh poileasaidh agus goireasan a ghabhail. Cuideachd, bidh cuideigin neo-eisimeileach bhon taobb a-muigh aig a bheil an t-eòlas iomchaidh a thaobb sgrùdadh air a' bhuidheann. Bidh an duine seo na 'charaid sgrùdail' agus bheir e no i barrachd neo-eisimeileachd chun a' phròiseis
20. Chleachd a' Chomhairle goireas sgrùdaidh HGIOC an toiseach tràth ann an 2013. Rinn i sgrùdadh oirre fhèin a rèir nan comharran càileachd a' bualadh air:
- na prìomh phròiseasan airson libhrigeadh sheirbheisean;
  - leasachadh, stiùireadh agus piseach a thoirt air compàirteachas; agus
  - piseach a thoirt air càileachd nan seirbheisean do luchd-cleachdaidh.
21. Tha an dà chuid buill thaghte agus sgioba stiùiridh corporra na Comhairle air sgrùdadh a dhèanamh air cho math 's a tha roinnean air na fèin-sgrùdaidhean a dhèanamh, mar a tha iad air na toraidhean a sgrùdadh agus mar a tha iad air beachdachadh air na tha iad a' ciallachadh do chàileachd seirbheisean na Comhairle. Tha am buidheann adhartais corporra MOWG air ceannasachd làidir a thoirt gus cleachdad agus fèin-mheasadh a bhrosnachadh gus adhartasan a thoirt gu buil. Nam measg sin tha a bhith a' cur prìomhachas air na raointean a thathar gu bhith a' measadh, agus a' togail ceist mu dè cho iomchaidh 's a tha cuid dhe na comharran a thathar a' cleachdad airson fèin-mheasadh. Mar thoradh air an sgrùdadh agus stiùireadh sin, tha barrachd fòcas air builean agus air na cothroman a bharrachd airson buaidh agus leasachadh.

---

<sup>2</sup> Dè cho math 's a tha ar Comhairle? (The *How Good Is Our Council?*) goireas fèin-mheasaidh a chaidh a leasachadh an toiseach le Comhairle pheairt is Cheann Rois ach a tha a-nis air a chleachdad san fharsaingeachd le buidhnean poblach

## Stiùireadh Obrach

Tha a' Chomhairle air daingneachadh a dhèanamh air an deagh adhartas a chaidh a dhèanamh na bu tràithe ann a bhith a' leasachadh frèam stiùiridh agus aithriseachd coileanadh poblach. Tha i air cultar stiùireadh coileanaidh agus adhartais a neartachadh agus air àrdachadh a thoirt air na h-ìrean sgrùdaidh agus dùblain a tha comhairlichean a' dèanamh.

22. Tha a' Chomhairle air adhartas mòr a dhèanamh bho aithisg Luach as Fheàrr 2011 ann a bhith a' leasachadh frèam stiùireadh coileanaidh. Tha i a' cumail air àrdachadh a thoirt air ìrean sgrùdaidh agus dùblain le comhairlichean, agus a' stèidheachadh cultar stiùireadh coileanaidh tron bhuidhinn a tha a-nis a' ciallachadh gum bheil dèiligeadh le coileanadh agus adhartasan air tighinn gu ìre.
23. Fo na modhan ùraichte, tha stiùireadh coileanaidh air gach clàr-gnothaich airson gach comataidh seirbheis, agus comataidh poileasaidh agus goireasan. Aig gach coinneamh, bidh comhairlichean a' faighinn aithisg sgrùdaidh a bhios a' toirt fios air coileanadh a rèir comharran iomchaidh aig a bheil ceangal ri buil singilte aontaiche (SOA) na Comhairle. Tha na h-aithisgean a' toirt am follais far nach eil amasan air a bhith air an coileanadh agus tha e a' toirt mìneachadh air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig cion-coileanaidh. Bidh stiùirichean cuideachd ga chur am follais do bhuill mu na pìomh raoitean coileanaidh airson na roinn shònraichte aca fhèin agus na gnìomhan co-cheangailte a bhithear a' cur an sàs.
24. Tha na h-aithisgean sgrùdadadh coileanaidh a' gabhail a-steach raon farsaing de chùisean agus bidh iad a' cleachdadòigh taisbeanaidh àbhaisteach, a' leigeil le comhairlichean sealladh farsaing, coitcheann agus soilleir fhaighinn air mar a tha na roinnean a' coileanadh. San fharsaingeachd, tha na modhan seo a' ciallachadh gu bheil adhartas air a sgrùdadadh gu mionaideach anns an fhòram iomchaidh, gu bheil sgrùdadadh agus dùblan coileanaidh air adhartachadh agus gu bheil uallach air na stiùirichean airson a' choileanaidh.
25. Tha a' Chomhairle air cumail air Comhairle *Interplan* (siostam sgrùdadadh coileanadh corporra) a leasachadh gus piseach a thoirt air frèam stiùireadh coileanaidh a thoirt gu buil. Tha an siostam a' ceangal gu follaiseach ri cuspairean corporra na Comhairle, ri builean nàiseanta, amasan ionadail, amasan CPP Innse Gall, agus gnìomhan ann am planaichean seirbheis gnothachais. Tha seo a' leigeil leis a' Chomhairle buaidh na h-obrach aice a thaisbeanadh nas èifeachdaiche, agus a' toirt sealladh soilleir air mar a tha obraichean agus gnìomhan ionadail a' cur ri amasan corporra agus ri builean nàiseanta.
26. Thug a' Chomhairle piseach air modhan aithris air coileanadh poblach ann an 2013 le bhith a' cur 'clàr coileanadh poblach' an sàs. Tha farsaingeachd fiosrachaiddh air a' chlàr, a tha air a stèidheachadh air builean a tha san amharc ann an Aonta Builean Singilte (SOA), cho math ri fiosrachadh seirbheis mionaideach. Tha e cuideachd a' toirt inntrigeadh dhan phoball air fiosrachadh a bharrachd le bhith a' toirt cheanglaichean air-loidhne gu duilleagan coileanaidh air làrach-lìn na Comhairle. Gheibh am poball fiosrachadh nas mionaidiche air fiosrachadh coileanaidh, leithid fiosrachadh air mar a tha a' Chomhairle a' dèanamh an taca ri ùghdarrasan ionadail eile air frèam coileanaidh sàsachd a' Phobail

27. Tha e mar dhleastanas air comhairlean aithris a dhèanamh air coileanadh ann an dòigh chothromach agus fhaicsinneach. Ged a tha a' Chomhairle air adhartas a dhèanamh a thaobh aithriseachd coileanaidh dhan phoball, dh'fhaodadh na h-aithrisean a bhios a' sealltainn ris a' phoball barrachd aire a thoirt dha na raointean sin far nach eilear cho soirbheachail agus air na dòighean sa bheilear am beachd dèiligeadh riutha. Bhiodh a bhith a' coileanadh seo na fhianais gun robh a' Chomhairle a' tighinn gu ìre agus gun robh i comasach air aithris air ìrean coileanaidh a thoirt dha na coimhearsnachdan aice le barrachd misneachd.

## Stiùireadh Luchd-obrach


Tha a' Chomhairle air adhartas cudromach a dhèanamh a thaobh adhartasan ann an stiùireadh an luchd-obrach. Tha i air lùghdachadh a thoirt air call-obrach air sgàth bochdainn, agus tha barrachd tuigse air feumalachdan leasachaidh luchd-obrach le bhith a' cur crìoch air barrachd sgrùdaidhean coileanaidh luchd-obrach. Tha i cuideachd air raon farsaing de ghnìomhan a chur an sàs a tha air am fiosrachadh bho thoraidhean sgrùdadh luchd-obrach. Tha a' Chomhairle am beachd leasachaidhean a bharrachd a chur an sàs a thaobh clàradh fiosrachaidh anns an raon seo ann an 2014.

### Call-obrach air sgàth bochdainn

28. Tha atharrachaidhean ann an àireamhan cuibhiseach na Comhairle air call-obrach air sgàth bochdainn anns na bliadhnaichean mu dheireadh air an sealltainn ann an Taisbeanadh 1 gu h-ìseal.

## Eisimpleir 1

### Ìrean Call-obrach air sgàth bochdainn aig a' Chomhairle 2008/09 - 2013/14<sup>3</sup>



Fianais: Comharran Coileanaidh Reachdail agus fiosrachadh Chomhairle nan Eilean Siar airson 2013/14

29. Rè 2012/13, thuit àireamhan cuibhiseach call-obrach air sgàth bochdainn fon ìre aig an robh e ann an 2008/09 gu ìre cuibhiseach de 10.4 làithean air an call airson gach neach-obrach<sup>4</sup> (gun beachd a ghabhail air luchd-teagaisg sna h-àireamhan seo) agus bha e na b' ìse na ìrean cuibhiseach na h-Alba a bha aig 10.9 làithean. Chùm ìrean call-obrach air sgàth bochdainn airson luchd-teagaisg air tuiteam cuideachd gu 7.2 làithean, ged a dh'fhuirich seo os cion ìrean cuibhiseach na h-Alba a bha aig 6.6 làithean. Fhuair a' Chomhairle lùghdachadh ann an àireamhan call-obrach ann an 2012/13 fhad 's a bha àrdachadh anns na h-àireamhan cuibhiseach call-obrach airson luchd-obrach ùghdarrasan ionadail aig ìre nàiseanta.
30. Tha fiosrachadh na Comhairle, nach deach a sgrùdadh fhathast, airson 2013/14 a' sealltainn lùghdachadh eile ann an ìrean cuibhiseach call obrach (gun beachd a ghabhail air luchd-teagaisg sna h-àireamhan seo). Tha ìrean cuibhiseach call obrach airson luchd-teagaisg do luchd-teagaisg rè 2013/14 air tuiteam gu 5.6 làithean agus cha mhòr nach eil e a-nis aig leth an ìre aig an robh e ann an 2008/09.

<sup>3</sup> Tha àireamhan cuibhiseach call-obrach air sgàth bochdainn son 2013/14 bho fiosrachadh na Comhairle a tha gun sgrùdadadh. Chan eil ìrean cuibhiseach nàiseanta rim faighinn fhathast airson 2013/14

<sup>4</sup> Tha dàta call obrach air sgàth bochdainn anns an aithisg againn bhon Dùblachd 2012 eadar-dhealaichte bho na figearan a tha air an sealltainn an seo. Rè 2013, thug a' Chomhairle am follais nàdar de dhùbladh cunntaidh ann an àireamhan call obrach taobh a-staigh an siostam HR/pàighidh (Resourcelink). Mar thoradh air ceartachaidhean a chaidh a dhèanamh, tha na h-ìrean call obrach air sgàth bochdainn nas ìse na na h-àireamhan a chaidh aithris roimhe.

31. Tha a' Chomhairle air iomadh gniomh a chur an sàs gus lùghdachadh a thoirt air an ìre agus air a' chosgais co-cheangailte ri call obrach. Tha stiùirichean a-nis a' faighinn aithisgean air call obrach air sgàth bochdainn airson na sgioba aca gach caireal den bhliadhna, gus a bheil eòlas nas fheàrr aca agus gus an tèid aca air gniomhan a chur an sàs gus dèiligeadh le ìrean call obrach. Tha a' Chomhairle cuideachd air atharrachaidhean a thoirt air poileasaidh a thaobh a bhith a' toirt fòrladh sònraichte, rud a tha a' sàbhaladh £30,000. Cuideachd, bhon Chèitein 2013, tha i air neach-taic ghoireasan daonnda (HR) eadar-amail fhastadh gus manaidsearan-loidhne a chuideachadh gus modhan call obrach air sgàth bochdainn a chur an gniomh, agus gus raointean sònraichte ris am feumar dèiligeadh a chomharrachadh.
32. Tha an neach-taic HR air aire a chur air a bhith a' toirt taic do luchd-cùraim san dachaigh far a bheil slàinte dreuchda air cead a thoirt dhaibh a bhith far an cuid obrach, bhon a bha a' Chomhairle air seo a chomharrachadh mar phrìomhachas. Gu ruige seo, tha còignear luchd-obrach cùraim san dachaigh a bha far an obrach san ùine fhada air sgàth bochdainn air tilleadh a dh'obair neo chan eil iad ag obair dhan Chomhairle tuilleadh. Cumaidh an neach-taic HR air aire a chur air an còrr dhen 30 luchd-obrach a tha far an obair san ùine fhada, taobh a-staigh Cùram san Dachaigh mus toirear taic nas fharsainge do raointean eile. Tha fastadh an neach-taic HR cuideachd air stiùireadh call obrach san ùine ghoirid (suas gu 37 uairean sreach a cheile) air sgàth bochdainn a dhèanamh nas èifeachdaiche tro bhith a' cur nam poileasaidhean iomchaidh an sàs.
33. Anns an Dùblachd 2012, thug sinn am follais nach robh a' Chomhairle soilleir air na h-adhbharan air cùlaibh nan ìrean àrda agus nan àrdachaidhean ann an call obrach air sgàth bochdainn, agus nach robh cothromachd ann an aithriseachd air call obrach air sgàth bochdainn thar roinnean. Fhuair sgrùdadh taobh a-staigh na buidhne anns an luchar 2013 gun robh duilgheadasan fhathast aig a' Chomhairle ann a bhith a' faighinn tuigse shoilleir air na h-adhbharan air cùlaibh call obrach air sgàth bochdainn thar na buidhne air sgàth nan dòighean mi-chothromach anns an robhar a' comharrachadh call obrach air sgàth bochdainn. Tha a' Chomhairle ag obair gus piseach a thoirt air a' bhun-stèidh fiosrachaidh aice le bhith a' stèidheachadh dòigh-obrach corporra cothromach a thaobh clàradh call obrach tro bhith a' dèanamh ath-nuadhachadh air an siostam HR/Pàighidh (Resourcelink) ro dheireadh 2014. Ma tha adhartas èifeachdach a' dol a chumail a' dol, bidh e a' cur feum air tuigse nas fheàrr air dè tha a' toirt buaidh air na ìrean call obrach a choileanadh, bhon a chiallaicheas seo gum bi an taic a tha a dhìth nas follaisiche.

## Measadh Coileanadh Luchd-obrach

34. Chuir a' Chomhairle an sàs pròiseas measadh coileanaidh dhan luchd-obrach anns an t-Sultain 2009, mar phàirt dhe na modhan gus coileanadh seirbheis a stiùireadh agus gus taic a chur ri lìbhrigeadh a' phlana gnothachais agus an ro-innleachd chorporra. Nochd aithisgean sgrùdaidh Luach as Fheàrr gun robh ìrean crìochnachaidh nam measaidhean gu math nas isle na targaidean na Comhairle gum faigheadh an luchd-obrach gu lèir measadh coileanaidh, rud a tha togail beachd gur dòcha nach robh am pròiseas èifeachdach
35. Tha a bhith a' toirt piseach air ìrean measadh coileanaidh mar phàirt de dh'amas corporra gus cultar stiùireadh coileanaidh a stèidheachadh anns a' Chomhairle. Tha i air adhartas a

choileanadh thairis air na ceithir bliorrhna mu dheireadh, a' cur suas iреan crìochnachaidh bho 42 sa cheud ann an 2009/10 gu 86 sa cheud ann an 2012/13. Thathar a' dearbhadh ire measadh dreuchda luchd-obrach na Comhairle airson 2013/14 aig an àm seo.

36. Mar phàirt dhen fhòcas gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad a' faighinn measadh coileanaidh, bidh a' Chomhairle a' sgrùdadh iреan crìochnachaidh nam measaidhean gach cairteal bliadhna. Ged a 's e rud math a th' ann gu bheil sùil nas mionaidiche ga cumail air a' phròiseas, tha e gu math toinnte ma tha e air a dhèanamh gach cairteal bliadhna le roinnean aig a bheil cuairtean measaidh eadar-dhealaichte. Bidh cuid de roinnean a' dèanamh mheasaidhean coileanaidh anns a' chiad chairteal dhen bhliadhna ionmhais, an dèidh na planaichean gnothaichais aontachadh, agus bidh feadhainn eile a' dèanamh nam measaidhean nas fhaide air adhart anns a' bhliadhna, an uair a bhios iad ag obair air dreach plana gnothaichais na h-ath bhliadhna. Tha seo a' cuingealachadh nam buannachdan a dh'haodadh a bhith an cois anailis corporra air dàta mheasaidhean, agus mar sin èifeachdas nan ceanglaichean gu plànadhl bhiadhna agus iomairtean leasachaidh luchd-obrach corporra. Dh'haodadh a' Chomhairle buannachd fhaighinn bho bhith a' beachdachadh air dè na leasachaidhean a dh'haodadh iad fhaicinn nam biodh cuairtean measaidh nas cothrom ann tron bhuidhinn.
37. Tha an t-adhartas a tha a' Chomhairle air a dhèanamh bho chionn ghoirid ann a bhith ag àrdachadh iреan crìochnachaidh a' toirt fiosrachadh gu math nas fheàrr airson a bhith ag ullachadh planaichean trèanaidh roinne. Leis an Ro-innleachd ionnsachaidh agus Leasachaidh ùr air gabhail rithe anns an Ògmhios 2013, tha measaidhean coileanaidh agus planaichean trèanaidh roinne a-nis nam pàirt deatamach de ghnothach roinne agus pròiseanan planaidh ionmhais. Ach, chan eil na roinnean air fad air planaichean trèanaidh bhliadhna a chruthachadh gu ruige seo. Leis a' chuideam a tha a-nis air a cur air ionnsachadh agus leasachadh, feumaidh a' Chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gin dhe na planaichean trèanaidh roinne air an dèanamh, gus an urrainn dhi feumalchdan corporra san fharsaingeachd a mheasadh agus goireasan iomchaidh air a bheil feum a mheasadh cuideachd.

## Surbhaidh luchd-obrach

38. Rinn a' Chomhairle sgrùdadh luchd-obrach anns an Fhaoilleach 2012 agus chaidh aithris nan toraidhean fhoillseachadh anns an Ògmhios 2012. Mar a thug sinn am follais roimhe seo, sheall an surbhaidh gun robh adhartas ann san fharsaingeachd bhon t-surbhaidh mu dheireadh a chaidh a dhèanamh ann an 2008. Bha seo follaiseach ann an sàsachd luchd-obrach a thaobh prìomh raointean stiùiridh, leithid èisteachd, brosnachadh, sgaoileadh dreuchd agus dèanamh cho-dhùnaidhean. Ach, bha àireamh beag de luchd-obrach dhen bheachd gun robh aithne air a thoirt do deagh choileanaidh, gun robh measadh coileanaidh gu feum agus gun robh droch choileanadh air dèiligeadh ris gu h-èifeachdach.
39. Anns an t-Sultain 2012, dh'aontaich a' Chomhairle ri plana adhartais mar fhreagairt air cùisean a chaidh a thoirt am follais ann an surbhaidh luchd-obrach, nam measg sin gnìomhan co-cheangailte ri conaltradh, coileanadh, taic agus trèanadh. Tha a' chuid as mothach dhen phlana gnìomh seo a-nis an dèidh a bhith air a chur an gnìomh agus tha leasachaidhean, nam

measg sin poileasaidh urraim san àite-obrach, Ro-innleachd ionnsachaид agus Leasachaид agus barrachd cuideam air measadh coileanaidh agus planaidhean trèanaidh roinneil. Tha e an urra ri buidheann bhall/oifigear leasachadh corporra (MOWG) airson a bhith a' sgrùdadh mar a tha am plana gniomh ga chur an sàs. Tha a' Chomhairle am beachd surbhaidh luchd-obrach eile a dhèanamh ann an 2015.


## Stiùireadh Maoin

**Bho 2012, tha a' chomhairle air planaichean ro-innleachdail agus modhan taic a chur an sàs gus stiùireadh nas fheàrr a dhèanamh air maoin na Comhairle. Cuide ri compàirteachasan planadh coimhairsnachd, tha e air frèam a stèidheachadh airson a bhith ag obair còmhla a thaobh stiùireadh maoin.**

40. Thug sgrùdadh Luach as Fheàrr 2012 am follais gun robh luaths atharrachaيد a thaobh stiùireadh maoin air a bhith slaodach, ach gun robh ro-innleachdan agus planaichean co-cheangailte ri stiùireadh maoin gan leasachadh. Bho sin, tha a' Chomhairle air planaichean agus structaran ùra a chur an sàs gus taic a chur ri stiùireadh maoin nas èifeachdaiche.
41. Anns an Ògmhios 2013, dh'aontaich a' Chomhairle ri Plana Stiùireadh Maoin Corporra (CAMP) ùr airson 2013-2018. Tha seo air a bhun-stèidheachadh le frèam planaidh gus ceangal a dhèanamh eadar stiùireadh maoin agus co-dhùnidhean seilbh, mar a tha air an sealltainn ann an Clàr 2 gu h-ìseal. Am measg na tha anns an fhrèam tha buidheann Àrd-oifigeanan Stiùireadh Maoin, air a bheil an t-Àrd-Oifigear na Chathraiche, agus a bhios a' sgrùdadh adhartais a rèir a' phlana, a' co-òrdanachadh roghainnean maoineachaidh agus a bhios na fhòram gus na dòighean-obrach as fheàrr a chomharrachadh. Tha liosta-coileanaidh ann do chomhairlichean cuideachd air 'adhartachadh stiùireadh maoin' a bhios iad a' cleachdad a thaobh sgrùdadh coileanaidh, cho math ri siostam gus prìomhachasan pròiseact agus na cosgaisean nan cois a mheasadh.

## Clàr 2

### Structaran Stiùireadh Maoin na Comhairle



42. Anns a' Ghearran 2014, ghabh a' Chomhairle ri Plana Stiùireadh Maoin Seilbh (PAMP). Tha am plana còig bliadhna seo a' mìneachadh sealladh na Comhairle air na tha aca de mhaoin seilbh agus a' cur taic ri amasan stiùireadh maoin anns an ro-innleachd chorporra, ro-innleachd tasgaidh agus plana stiùiridh maoin corporra. Tha adhartas cuideachd ri fhaicinn ann an leasachadh buidheann de phlanaichean stiùireadh maoin a tha sònraighe dhan roinn (a' gabhail a-steach rathaidean, bun-structair mara, carbadan agus innealan, msaa) agus tha iad sin gu bhith air an críochnachadh ro dheireadh 2014.
43. Tha Coimisean nan Cunntasan air a thoirt am follais roimhe seo gum bu chòir dhan Chomhairle coimhead airson barrachd chothroman gus co-obrachadh a lorg a thaobh stiùireadh maoin. Tha barrachd feallsanachd co-obrachaiddh ann aig a' Chomhairle na bha ann roimhe. Aig ire phractaigeach mar eisimpleir, tha i a' sìreadh chothroman gus maoin a roinn le co-làraichean a bhith aca le compàrtichean. Nam measg sin, tha beachdachadh air co-làraich le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) airson seirbheisean comhairleachaidh gnothachais, ionad stòraidh co-roinnte le NHS nan Eilean Siar (NHS WI) agus Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (UHI) airson leasachadh dreuchda agus goireasan sgoile, agus co-làrach le Poilis Alba air an Tairbeart.
44. Tha obair a' dol air adhart gus barrachd chothroman air co-roinn maoin a chomharrachadh le compàrteachasan agus leis a' choimhairsnachd nas fharsaingeachd. Mar thaic ri sin, anns an t-Sultain 2013, dh'aontaich Compàrteachais Plànaidh Coimhairsnachd Innse Gall (OHCPP) ri structar riaghlaidh airson stiùireadh maoin compàrteachail. Am measg sin bha stèidheachadh de Bhuidheann Stiùireadh Maoin Compàrteachail anns a bheil àrd-oifigearan na Comhairle, HIE, NHS WI, agus Urras Teachdail na h-Alba. Tha am buidheann seo a' leigeil le compàrteachas conaltradh a dhèanamh air cothroman air stiùireadh maoin compàrteachail, gus planaidhean tasgaidh, ro-innleachdan agus bun dàta maoin a roinn, agus gus sruthan obrach ioma-bhuidhneil a cho-òrdanachadh.

## Sàsachd Luchd-cleachdaidh

**Tha a' Chomhairle air beagan adhartais a dhèanamh gus barrachd tuigse fhaighinn air sàsachd luchd-cleachdaidh agus gus seo a chleachdadh gus co-dhùnidhean agus dealbhadh seirbheis fiosrachadh. Tha e ag aithneachadh gu bheil fhathast cothrom ann am fiosrachadh sin a chruthachadh ann an dòigh nas fheàrr agus nas èifeachdaiche.**

45. Chomharraich an aithisg sgrùdaidh Luach as Fheàrr 2011 gum feumadh a' Chomhairle tomhas nas èifeachdaiche a dhèanamh air sàsachd luchd-cleachdaidh. Thug iad am follais gun robh deagh eisimpleirean ann an seirbheisean fa-leth de dhoighean air am fiosrachadh a chruinneachadh mu dheidhinn sàsachd luchd-cleachdaidh, agus mhol e gun cleachdad a' Chomhairle iad sin gus an dòigh chorporra aice a leasachadh. Ach, thug an aithisg adhartais againn ann an 2012 am follais nach robh mòran adhartais an dèidh a bhith air a dhèanamh gus na deagh mhodhan obrach agus ionnsachaidh a roinn thar nan seirbheisean, agus gun robh a' Chomhairle air am plana aice gus surbhaidhean luchd-cleachdaidh ron Ògmhios 2012 a chur an sàs.

46. Tha a' Chomhairle ag aithneachadh nach eil i air uiread de dh'adhartas a dhèanamh 's a bha na beachd a thaobh a bhith a' co-òrdanachadh na h-obrach agus conaltradh coimhearsnachd agus compàirteachais ann an dòigh nas fheàrr agus nas èifeachdaiche. Tha an t-adhartas an seo air a bhith nas slaodaiche bhon a bha barrachd priomhachaius air a chur gu bhith a' coileanadh dùblain ghoireasan. Tha i cuideachd mothachail gu bheil i ag iarraidh 'sgìths conaltraidh' a sheachnadh le bhith a' cruinneachadh beachdan dhaoine ro thric anns na coimhearsnachdan beaga.
47. A dh'aindeoin 's nach do choilean i a h-uile leasachadh a bha san amharc, tha e follaiseach gu bheil a' Chomhairle nas dealasaiche, agus gu bheil barrachd aire aice, air sàsachd luchd-cleachdaidh. Chaith conaltradh thar-eilein a dhèanamh air an ro-innleachd buidseat aice airson 2013-15, agus chuidich sin gus cuid dhe na co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh fhiosrachadh. Thug a' Chomhairle fios air ais mar a bha i air beachd a ghabhail air beachdan an t-sluagh ann an stèidheachdadh buidseat 2013/14 agus buidseat comharrachte airson 2014/15. Dh'fhoillsich i am fiosrachadh air Portal-E-Sgìre Ceangal Coimhearsnachd na Comhairle. Tha deagh eisimpleirean eile ann air far a bheil a' Chomhairle air conaltradh a dhèanamh bho chionn ghoirid le coimhearsnachdan agus far a bheilear air rudan a dhèanamh air sgàth fios a chaidh fhaighinn air ais air an co-dhùnaidhean agus air an dealbhadh seirbheis. Nam measg sin bha:
- a bhith a' cleachdadh surbhaidh beachdan an t-sluagh gus buaidh a thoirt air ro-innleachd ùr sgudail.
  - a bhith a' leasachadh prògram surbhaidhean luchd-cleachdaidh gus sàsachd a mheasadh a thaobh seirbheisean Cùram san Dachaigh agus seirbheisean do dh'fheadhainn gun dachaigh
  - a bhith a' cleachdadh fios air ais bho shurbhaidhean bho phàrantan/luchd-cùraim mu na sgoiltean ionadail aca gus fiosrachadh a thoirt do phlana gnothachais Roinn an Fhoghlaim agus Sheirbhisean Chloinne airson 2014/17 agus a fèin-mheasadh sgrùdaichte (VSE) ann an 2013
  - a bhith a' conaltradh le luchd-buntain gus còir-sgriobhte luchd-cleachdaidh a leasachadh airson a seirbheis plànaidh
  - a bhith ag atharrachadh clàr-ama seirbheis bhusaichean an Loch a Tuath mar thoradh air fios bho na coimhearsnachdan ionadail.
48. Cuideachd, anns an Ògmhios 2013 rinn a' Chomhairle surbhaidh den h-uile sòlaraiche a bha air ùidh a shealltainn ann an taigse sam bith anns a' bhliadhna roimhe sin, gus am beachdan a shireadh air èifeachdas nam modhan fastachd. Chaith an surbhaidh a chur gu 341 agus chaidh 47 fios fhaighinn air ais. Tha a' Chomhairle air farsaingeachd ghniomhan a chur an sàs mar fhreagairt air an fhiosrachadh a chaidh fhaighinn agus thathar dhen bheachd gun tug sin buaidh air na h-àrdachaidhean mòra ann an toraidhean Sgrùdadh Comasan Fastachd (PCA) 2013, mar a chaidh a thoirt am follais ann an aithisg Sgrùdadh Alba anns a' Ghiblean 2014 air Fastachd ann an Comhairlean ([Procurement in Councils](#)). Tha seo air leantainn ann an 2013 bho 40 gu 57 sa cheud, ag èirigh nas àirde na àireamhan cuibhiseach agus os cionn targaid Riaghaltas na h-Alba de 50 sa cheud.

49. An dèidh paidhleat soirbheachail ann an 2011, ghabh a' Chomhairle ri Inneal Tomhais Sàsachd Luchd-cleachdaidh (CSMT)<sup>5</sup> mar iùre chorporra anns an Fhaoilleach 2013. Tha an CSMT a' leigeil leis a' Chomhairle coimeas a dhèanamh air iùrean sàsachd luchd-cleachdaidh thar roinnean agus rìùine ri comhairlean eile ann an Alba. Aig an àm seo, tha an CSMT ga chur gu feum le surbhaidhean luchd-cleachdaidh airson tagraighean barantais airson plànad agus togail. Tha cothrom ann seo a leudachadh gu surbhaidhean luchd-cleachdaidhean cunbalach eile.
50. Tha an leasachadh corporra MOWG a' cumail air adhartas a mheasadh a rèir adhartasan ann an sàsachd luchd-cleachdaidh air a bheilear ag amas. Tha am buidheann-stiùiridh air seirbheisean luchd-cleachdaidh cuideachd, a' toirt leasachaidhean air adhart. Mar eisimpleir, thathar ag amas air clàr co-òrdanaichte a stèidheachadh air gnìomhan seirbheis luchd-cleachdaidh thar na Comhairle, agus tha e a' coimhead air a' bhuanachd airson cleachdad nam meadhanan sòisealta airson fiosrachadh luchd-cleachdaidh a chruinneachadh.
51. Anns a' Gibilean 2014, chuir a' Chomhairle ceisteachan a-mach anns an robhar a' sireadh bheachdan air farsaingeachd de sheirbheisean na Comhairle bho chomhairlean coimhairsnachd, buidhnean luchd-còmhnaidh, buill thaghte, comhairlean òigridh agus sampail de aon às gach deich dachaighean. Bidh na toraidhean air an sgrùdad agus air an aithris chun na Comhairle anns an t-Sultain 2014, leis a' bheachd gum bi e a' cuideachdad gu pròiseas stèidheachadh buidsean 2015/16 fhiosrachadh. Tha a' chomhairle am beachd ceisteachain dhe leithid a sgaoileadh gach bliadhna.

## Molaidhean

**Tha an t-adhartas a tha a' Chomhairle air a dhèanamh mar fhreagairt air aithisgean Luach as Fheàrr air a bhith cudromach. Tha àrdachadh follaiseach air a bhith ann an luaths agus dùil leasachaidh. Ach, tha Luach as Fheàrr mu dheidhinn a bhith a' dèanamh adhartas leantainneach, agus mar sin, bidh a' Chomhairle ag iarraidh gun lean an t-adhartas.**

**Gus taic a chur ri seo, tha sinn a' toirt nam molaidhean a leanas a thaobh nan raoitean a tha air an còmhdaidh anns an obair sgrùdaidh shònraichte seo. Bhiomaid an dùil gun stèidhicheadh a' Chomhairle iad seo taobh a-staigh clàr-gnothaich leasachaidh, agus gum bi iad air an riochdachadh anns na priomh sgrìobhainnean, leithid Plana Leasachaidh Corporra. Mar a tha air a mhìneachadh anns an earrann Gearr-chunntas dhen aithisg seo, nì luchd-sgrùdaidh ionadail bho thaobh a-muigh na buidhne sgrùdad air a' phròiseas mar phàirt dhe na gnìomhan sgrùdaidh bhliadhnaile aca. 'S iad na leanas na molaidhean:**

52. Bu chòir dhan Chomhairle togail air na leasachaidhean a chaidh a dhèanamh anns na bliadhnaichean mu dheireadh, gu sònraichte a thaobh fèin-mheasadh, agus cultar adhartais a stèidheachadh gu tur air feadh na buidhne.

---

<sup>5</sup> An t-Seirbheis Leasachaidh, Fòcas Luchd-Cleachdaidh Alba, Rannsachadh Sgìre ionadail + Buidheann Eòlas (LARIA) agus Riaghaltas na h-Alba le chèile a' cruthachadh CSMT. Chaidh a chur air bhog ann an 2010.

53. Bu chòir dhan Chomhairle sgilean an luchd-obrach a leasachadh le bhith a' dèanamh cinnteach:
- gu bheil an luchd-obrach gu lèir a' faighinn measadh coileanaidh bhliadhnaill;
  - gu bheilear a' beachdachadh air na buannachdan an cois cuairt measadh coileanaidh nas cothroime le ceangalan ri planaichean gnothachais roinneil agus planadh luchd-obrach corporra; agus
  - agus dèanamh cinnteach gu bheil planaichean trèanaidh roinneil air an leasachadh thar gach roinn.
54. Bu chòir dhan Chomhairle an luchd-obrac aice a stiùireadh le èifeachdas gus am feum as fheàrr a dhèanamh dhe na siostaman fiosrachaidh aice agus gus sgrùdadh a dhèanamh air call obrach air sgàth bochdainn ann an dòigh nas cothroime thar na buidhne. Bu chòir cuideachd tuigse nas fheàrr fhaighinn air na h-adhbharan air cùlaibh call obtach air sgàth bochdainn, gus dèanamh cinnteach gun dèanar na tha a dhìth ann an dòigh èifeachdach gus leasachaidhean a bharrachd a thoirt air ìrean call obrach.
55. Bu chòir dhan Chomhairle leudachadh a thoirt air cleachdadhl Inneal Tomhas Sàsachd Luchd-cleachdaidh (CSMT) thar gach surbhaidh luchd-cleachdaidh riaghailteach. Bu chòir clàr corporra co-òrdanaichte aontachadh a thaobh gnìomhan seirbheis luchd-cleachdaidh gus dèanamh cinnteach gun cruinnich i fiosrachadh nas èifeachdaiche.
56. Bu chòir dhan Chomhairle aithris a thoirt dhan phoball air a coileanadh ann an dòigh nas cothroime agus nas faicsinniche le bhith toirt barrachd aire air nan raointean sin far nach eilear cho soirbheachail agus air na gnìomhan a thèid a chur an sàs gus dèiligeadh le sin.

# Comhairle nan Eilean Siar

## Aithisg adhartais

Tha an aithisg seo ri fhaighinn ann an cruthan PDF agus RTF, cho math ri pod-chraoladh dhen gheàrr-chunntas aig:

[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk)

Ma tha an sgìobhainn seo a dhìth ort ann an cruth eile agus/no ann an cànan eile cuir fios thugainn gus còmhradh a dhèanamh mu na feumalachdan agad: 0845 146 1010

[info@audit-scotland.gov.uk](mailto:info@audit-scotland.gov.uk)



Audit Scotland, 110 George Street, Edinburgh EH2 4LH  
T: 0845 146 1010 E: [info@audit-scotland.gov.uk](mailto:info@audit-scotland.gov.uk)  
[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk)

ISBN 978 1 909705 37 1